

## **Annex A: Student Satisfaction and Engagement Survey statements**

### **Leas-phàipear A: Ceistean Suirbhidh mu Thoilachadh is Com-pàirteachadh nan Oileanach**

#### **Student Satisfaction and Engagement Survey**

#### **Suirbhidh Toileachadh is Com-pàirteachadh nan Oileanach**

Colleges are committed to constantly improving the student experience and especially the quality of the learning and teaching. This survey aims to assess student opinion and the answers you give will help improve the learning and teaching provided. Summary information collected from the survey will be forwarded to the Scottish Funding Council who will provide an evaluation of student satisfaction and engagement across the college sector.

Tha colaistean dealasach mu bhith a' sìor leasachadh saoghal nan oileanach agus gu h-àraidh mathas ionnsachaidh is teagaisg. Tha an t-suirbhidh seo ag amas air beachdan oileanaich a mheasadh agus bidh na freagairtean agad nan cuideachadh airson leasachadh a thoirt air an ionnsachadh is teagasg a thèid a libhrigeadh. Thèid geàrr-fhiosrachadh a fhuaras bhon t-suirbhidh a shìneadh gu Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus bheir iadsan luachadh air Toileachadh is Com-pàirteachadh nan Oileanach air feadh roinn nan colaistean.

Please place ONE cross on each line in the box that best describes how much you agree or disagree with each of the statements.

Cuir AON chrois anns gach loidhne sa bhogsa as fheàrr a tha a' mìneachadh dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh no nach eil ag aontachadh ris gach aithris.


|   |   | Strongly Agree<br>Aonta mòr | Agree<br>Aonta           | Disagree<br>Eas-aonta    | Strongly Disagree<br>Eas-aonta mòr |
|---|---|-----------------------------|--------------------------|--------------------------|------------------------------------|
| 1 | Overall, I am satisfied with my college experience.<br>San fharsaingeachd, tha mi riaraichte leis an t-saoghal colaiste agam.   | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |
| 2 | Staff regularly discuss my progress with me.<br>Bidh luchd-obrach a' bruidhinn rium gu riaghailteach mun adhartas agam.   | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |
| 3 | Staff encourage students to take responsibility for their learning.<br>Bidh luchd-obrach a' misneachadh oileanaich gus uallach ionnsachaidh a ghabhail orra fhèin.                  | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |
| 4 | I am able to influence learning on my course.<br>Is urrainn dhomh buaidh a thoirt air ionnsachadh air a' chùrsa agam.   | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |
| 5 | I receive useful feedback which informs my future learning.<br>Gheibh mi comhairlean feumail a bheir fios don ionnsachadh agam san àm ri teachd.                                    | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |
| 6 | The way I'm taught helps me learn.<br>Tha an dòigh-teagaisg na cuideachadh dhomh a bhith ag ionnsachadh.  | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |
| 7 | My time at college has helped me develop knowledge and skills for the workplace.<br>Chuidich an ùine agam aig a' cholaiste le bhith a' leasachadh eòlas is sgilean don àite-obrach. | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |
| 8 | I believe student suggestions are taken seriously.<br>Saoilidh mi gu bheilear a' gabhail ri molaidhean nan oileanach an da-rìribh.  | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           |

|    |   |                          |                          |                          |                          |
|----|---|--------------------------|--------------------------|--------------------------|--------------------------|
| 9  | I believe all students at the college are treated equally and fairly by staff.<br>Saoilidh mi gu bheil an luchd-obrach a' dèiligeadh ris a h-uile oileanach sa cholaiste air dòigh cho-ionann, chothromach. | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> |
| 10 | Any change in my course or teaching has been communicated well.<br>Chaidh atharrachadh sam bith sa chùrsa agam no san teagasg a mhìneachadh gu math.  | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> |
| 11 | The online learning materials for my course have helped me learn.<br>Bha na stuthan ionnsachaidh air-loidhne airson a' chùrsa agam nan cuideachadh le ionnsachadh.  | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> |
| 12 | I feel that I am part of the college community.<br>Tha mi a' faireachdainn mar phàirt de choimhearsnachd na colaiste.   | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> |

|    |   | Strongly Agree<br>Aonta mòr | Agree<br>Aonta           | Disagree<br>Eas-aonta    | Strongly Disagree<br>Eas-aonta mòr | Don't know<br>Chan eil fios agam |
|----|---|-----------------------------|--------------------------|--------------------------|------------------------------------|----------------------------------|
| 13 | The College Students' Association influences change for the better.<br>Tha Comann Oileanaich nan Colaistean a' toirt deagh bhuidh air atharrachadh. | <input type="checkbox"/>    | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/>           | <input type="checkbox"/>         |

If you have any other comments about learning and teaching at the college, please write them in the box on the next page.

Ma tha beachd sam bith eile agad mu ionnsachadh is teagasg aig a' cholaiste, sgrìobh iad sa bhogsa gu h-ìosal.



**Thank you for completing this survey**  
**Tapadh leat airson an t-suirbhidh seo a lionadh**